



1  
Tha cuid de na boglaichean as fheàrr san t-saoghal ann an Gallaibh is Cataibh, leithid an seo faisg air an Fhorsan Àrd. Coltach ri sgìrean eile, 's e *fèith*, seach *boglach*, as Camotha a chithear mar ainm orra, ged a bhios *fèith* cuideachd ag ainmeachadh caochan a tha a' sruthadh tro bhoglach. 'S iad *Fèith Chaorainn Mhòr*, *Fèith Gainneimh Mhòr* agus *An Fhèith Chaol* eisimpleirean de bhoglaichean Gallach.

Some of the finest blanket bog in the world is to be found in Caithness and Sutherland, such as here near Forsinard. In common with other areas, the word *fèith*, rather than *boglach*, appears commonly on our maps, meaning a bog-channel or -stream, and often referring to the bogland itself. Caithnessian examples include *Fèith Chaorainn Mhòr* (big bog/bog-stream of the rowan tree), *Fèith Gainneimh Mhòr* (big sandy bog/bog-stream) and *An Fhèith Chaol* (narrow bog/bog-stream).

# Dualchas coitcheann

## Common heritage



The Gaelic language has various words for 'soft wet country', writes Ruairidh MacIleathain. But the one that provided the English language with 'bog' is, perhaps surprisingly, not the most common on our maps

### Tir bhog

Cha bu chòir dha a bhith na iongnadh, leis cho mòr is cho farsaing 's a tha boglaichean na h-Alba is na h-Èireann, gun do dh'èirich am facal Beurla *bog* bho thùs Gàidhlig. Ged a tha *bog* agus *boglach* againn ann an Gàidhlig, ge-tà, tha e inntinneach cho ainneamh 's a chithear na faclan sin air mapaichean na h-Alba. Tha eisimpleirean ann an *Allt Bog na Fiodhaig* ann am Moireibh agus *Boglach nan Tarbh* ann an Ìle, ach chan eil iad pailt.

Tha na ficheadan, mura h-eil na ceudan, eisimpleirean de dh'fhacal Gàidhlig eile a tha a' riochdachadh 'talamh bog', ge-tà, 'S e sin *fèith*. Tha *fèith* a' ciallachadh '*sinew*, *vein*, *muscle*' agus chaidh a ghluasad bhon bhodhaig (mar a thachair le mòran fhaclan Gàidhlig) a-null do dh'aghaidh na tire, a' riochdachadh amaran uisge a ruitheas tro thalamh bog mar a bhios *fèithean* a' ruith tro bhodhaig. Tha a' chiall mhionaideach sin air an fhacal fhathast.

Ach tha *fèith* air a dhol na b' fharsaing na sin, agus e a' riochdachadh na boglaich fhèin (mar anns an t-seanfhaclan *Am fear a tha air thoiseach*, *thèid a stobadh anns an fhèith*). Tha iomadach eisimpleir dheth ann an ainmean-àite air feadh na Gàidhealtachd, leithid *Bealach Fèith na Gamhna* faisg air Gleann Afraig, *Allt Fèith nam Feàrna* ann an Athall, *An Fhèith Bhàn* ann am Muile agus *Fèith Tòrr a' Bhruic* ann an Gallaibh.

Tha grunn fhaclan eile a' nochdadh air ar mapaichean, a' riochdachadh bhoglaichean. Chithear *currach* an siud 's an seo, leithid Curragh (dreach Beurla) ann an Siorrachd Àir a Deas agus *An Currach Mòr* ann an Cinn Tire. Tha dà bheinn Rothaich air taobh an iar na Gàidhealtachd a' giùlain facal eile nan ainmean a tha a' ciallachadh talamh bog – *lapach*. 'S iad sin *Sgùrr na Lapaich* ann an Gleann Afraig agus beinn eile dhen aon ainm tuath air sin.

Tha *lòn* a' gabhail a-steach àiteachan còmhnaidh fliuch cuideachd agus tha iomadh *Lòn Bàn* againn. Tha eisimpleirean eile ann an *Lòn na Graidhe* ann an ceann a tuath Na Hearadh, *An Dubh-lòn* ann am meadhan Chataibh, agus *An Lòn Biolaireach* ann am Muile. Tha *càthar* a'

nochdadh an siud 's an seo; 's iad *Càthar an Leargain Bhric* ann an Diùra agus *An Càthar Mòr* ann an Glen Truim (Bàideanach) eisimpleirean dheth.

Agus tha na faclan a leanas a' seasamh airson diofar sheòrsaichean de thalamh bog cuideachd – *criathrach* (me *An Criathrach Mòr* làimh ris a' Phloc), *lap* (*Beinn na Lap*, Loch Oisein), *rumach* (*An Rumach*, Ìle), *sùil-chruthaich* (*Cnoc na Sùil Chruthaiche*, deas air Ceann Loch Biorbhaidh), *riasp* (*An Riasg Buidhe*, Colbhasa) agus *lèana* (*Lèana na Feannaige*, Ìle).

Agus ann an *Cnoc Poll nam Muc* ann an Asainte agus *Am Poll Luachrain* ann am Morbhairne, chithear facal eile a nochdas gu tric air ar mapaichean a' riochdachadh talamh bog, am measg rudan eile. Uaireannan bidh daoine a' dèanamh feum eacanomaigeach de *pholl* – ach feumaidh sinn am *poll mònach* (agus am facal *mòine* fhèin) fhàgail gu latha eile!

### Bog country

Given the importance and prominence of boglands in Scotland and Ireland, it's hardly surprising that the English word 'bog' originates in Gaelic. But, despite that, the Gaelic words *bog* (also an adjective meaning 'soft') and *boglach* are not particularly common on our maps. *Fèith*, originally meaning a 'sinew or vein' in the body – and thus transferred to the landscape as a 'bog-channel' – is much more common. Its application has also widened to take in an entire bogland.

*Currach* appears here and there, as do *càthar*, *criathrach*, *lap*, *lapach*, *lèana*, *lòn*, *riasp*, *rumach* and *sùil-chruthaich* – all representing wet, marshy or swampy ground. *Poll*, a word of several meanings in the landscape, can represent wet peatland and can also stand for a place where peat was, or is, harvested. But a consideration of *poll mònach* (peat bank) and the word *mòine* itself, which can stand for a bog or mossy place, will have to wait for another day.